

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Sgeulachdan nan Gaisgeach

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 10.00 pm on Sunday, following the Gaelic Learners' programme 'Beag air Bheag', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,157. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 4.03 pm each Sunday. Litir Bheag 853 corresponds to Litir 1,157. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir.

O chionn beagan is dà mhìos, chuir mi fhìn is mo mhac, Calum, làrach-lìn ùr air chois. Tha e na ghoireas do dh'fhileantaich ach chanainn **gum bi ùidh aig feadhainn agaibh innte**. 'S e an t-ainm a th' oirre *Sgeulachdan nan Gaisgeach*. Tha i ri lorg aig gaisgeach.com. Air an làraich, tha fichead sgeulachd a bhuineas do bheul-aithris nan Gàidheal ann an Alba. Tha iad air an sgrìobhadh agus air an aithris ann an Gàidhlig an latha an-diugh.

Gheibhear teacs airson gach sgeulachd agus faidhle claisneachd mp3 cuideachd. Tha a h-uile rud an-asgaidh. Faodaidh sibh na faidhlichean a luchdadh a-nuas don inneal agaibh fhèin.

Thàinig an dàrna cuid de na sgeulachdan bhon chorpas aig an sgeulaiche, Seòras Mac a' Phearsain à Gleann Dail anns an Eilean Sgitheanach. Tha mi airson tè ghoirid dhiubh innse dhuibh an-dràsta. 'S e an t-ainm a th' oirre 'Gaisge Oscar'.

B' e Oscar ogha Fhinn mhic Cumhail, ach bha e na bhriseadh-dùil do a sheanair oir cha bhiodh e a' gabhail pàirt ann an spòrs nam Fianna. Gu dearbh, bha Oscar gu math leisg. Bhiodh e a' falbh a laighe fo sgàil craoibhe, a' gabhail norrag fhad 's a bhiodh càch a' sealg nam fiadh. Ach thuirt am Buidseach Gris-fhionn ri Fionn, 'Leig leis. Tha fhios a'm gu bheil e na bhumailear leisg, cearbach an-dràsta, ach 's fheàrr leigeil leis, oir 's e am fear as gaisgeile a bhios ann de na Fianna gu lèir.'

Uill, cha robh Fionn ro dhèidheil air a' bheachd sin, ach leig e leis a' ghille a bhith mar a bha e, agus dh'fhàs Oscar suas a rèir a stiùiridh fhèin. Nuair a bhiodh càch a' sealg nam fiadh, bhiodh esan na shuain fo chraobh. Cha robh càil a b' fheàrr a chòrd ris na cadal fhaighinn.

Thàinig latha nuair a bha Fionn agus na Fianna glacte air a' bheinn-sheilg. Fhad 's a bha iad a' sealg, thàinig feachd de nàimhdean. Bha na nàimhdean a' gabhail brath air an t-suidheachadh oir cha robh na Fianna air an uidheamachadh airson sabaid. Thug na nàimhdean ionnsaigh orra agus bha na Fianna ann am fìor èiginn.

Bha Oscar, mar a bh' àbhaist, air a dhol cuide riutha pàirt dhen rathad, ach 's ann a lorg e craobh far am faigheadh e fois is fasnadh. Bha e air a dhol a chadal fòidhpe agus bha e fhathast na chadal.

Fhad 's a bha e na chadal, chuala e èigheachd nam Fianna agus fuaim na sabaid. Dhùisg e, leum e gu a chasan, agus choimhead e timcheall air. Chunnaic e a sheanair, Fionn, agus na Fianna, agus iad fo ìmpidh, oir bha an nàimhdean a' toirt

ionnsaigh orra. Cha robh ball-airm aig Oscar ach, a dh'aindeoin sin, ruith e a dh'ionnsaigh blàr a' chatha.

Ruith e seachad air craobh-dharaich mhòr agus spìon e a' chraobh bhon talamh. Ruith e air cùl nàimhdean Fhinn. Ghabh e dhaibh leis a' chraoibh, agus mharbh e mòran dhiubh. Thionndaidh na nàimhdean air an sàilean agus theich iad ro Oscar. 'S ann mar sin a choisinn Oscar cliù dha fhèin mar am ball a bu ghaisgeile de na Fianna.

* * * * *

Faclan na Litreach: làrach-lìn: *website*; an-asgaidh: *free of charge*; Gaisge Oscar: *the heroism of Oscar*; ogha Fhinn mhic Cumhail: *Fionn mac Cumhail's grandson*; leisg: *lazy*; am Buidseach Gris-fhionn: *the grizzled wizard [called 'The Old Grey Magician' by George MacPherson]*; bumailear: *oaf*; cearbach: *clumsy*; fois is fasgadh: *rest and shelter*; fòidhpe: *under it (fem.)*; èigheachd: *shouting*; dhùisg e: *he woke up*; fo ìmpidh: *under duress*; craobh-dharaich: *oak tree*.

Abairtean na Litreach: Tha e na ghoireas do dh'fhileantaich: *it is a resource for fluent speakers*; a bhuineas do bheul-aithris nan Gàidheal: *that belong to the oral tradition of the Gaels*; air an sgrìobhadh agus air an aithris ann an Gàidhlig an latha an-diugh: *written and told in modern Gaelic*; faodaidh sibh na faidhlichean a luchdadh a-nuas don inneal agaibh fhèin: *you can download the files to your own device*; thàinig an dàrna cuid de na sgeulachdan bhon chorpas: *half of the stories come from the corpus*; Seòras Mac a' Phearsain à Gleann Dail anns an Eilean Sgitheanach: *George MacPherson from Glendale in Skye*; bha e na bhriseadh-dùil do a sheanair: *he was a disappointment to his grandfather*; fo sgàil craoibhe, a' gabhail norrag fhad 's a bhiodh càch a' sealg nam fiadh: *under the shade of a tree while the others were hunting the deer*; 's fheàrr leigeil leis: *better let him be*; dh'fhàs Oscar suas a rèir a stiùiridh fhèin: *Oscar grew up according to his own guidance*; bhiodh esan na shuain fo chraobh: *he would be slumbering under a tree*; cha robh càil a b' fheàrr a chòrd ris na cadal fhaighinn: *there was nothing he enjoyed more than sleeping*; glacte air a' bheinn-sheilg: *stuck on the hunting mountain*; feachd de nàimhdean: *an enemy force*; a' gabhail brath air an t-suidheachadh: *taking advantage of the situation*; air an uidheamachadh airson sabaid: *equipped for fighting*; thug na nàimhdean ionnsaigh orra: *the enemies attacked them*; a dh'ionnsaigh blàr a' chatha: *he ran towards the battlefield*; spìon e a' chraobh bhon talamh: *he plucked the tree from the ground*; ghabh e dhaibh: *he thumped them*; choisinn Oscar cliù dha fhèin: *Oscar won a reputation for himself*.

Puing-chànain na Litreach: Gheibhear teacs airson gach sgeulachd: *text for each story can be obtained. Literally, gheibhear means 'will be got/obtained' and it is a really useful construction, being a future passive. You will see it used a lot on websites e.g Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig X 'more information can be obtained at X'*.

Gnàthas-cainnt na Litreach: chanainn gum bi ùidh aig feadhainn agaibh innte: *I'd say that some of you will be interested in it.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA